	Tha Fèis Blas 2009 air a bhith gu math soirbheachail. 'S e seo na prìomh figearan:- • 7,142 luchd-èisteachd uile gu lèir – 25% nas àirde na bh' againn ann an 2008. • Reic sinn 80% de na sèithrichean a bh' againn am bliadhna – an ìre as àirde a bh' againn riamh. • Reic sinn a h-uile tiocaid a bh' ann aig 50% de na tachartasan – an ìre as àirde riamh. • Bha teachd-a-steach bho tiocaidean 38% nas àirde na bha sinn ag amas - £62k • Ruith sinn an Fhèis uile gu lèir taobh a staigh a' bhuidseat. • Bha 44 tachartasan sgoile ann, le faisg air 5,000 sgoilearan a' gabhail pàirt ann.
4.6	**Gnìomhan Eadar-Fèisean**
	Bidh tòrr Fèisean ag obair ri chèile aig a' chonsairt Ceòl nam Fèis a bhios againn ann an Inbhir Nis, 27 An t-Samhain.
5.3	**Solarachadh do dheugairean taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean.**

	Tha sinn air a bhith soirbheachail airgead fhaighinn bho LEADER airson taic a' cumail le na Cèilidhean air Cuairt air a' Ghàidhealtachd 2010-2012. Tha seo a' ciallachadh gu bheil taic ann a-nis airson 6 phròiseactan air feadh na dùthcha. Tha beagan obrach ri dhèanamh fhathast anns na h-Eileanan Siar air rud a chur air dòigh an sin as ùr. Cuideachd, tha sinn ag ullachadh airson Sgoil Shamhraidh Dràma, Fèis Alba agus Freumhan (Fèis tro mheadhan na Gàidhlig airson deugairean) a ruith as ùr ann an 2010. Tha beachdan aig feadhainn de na Fèisean tachartasan airson deugairean a ruith cuideachd, le taic bho na h-oifigearan FnG.
6.1	**Ag obair ann an co-bhonn le buidhnean eile.**
	Tha Fèisean nan Gàidheal ag obair ann an co-bhonn le diofar bhuidhnean gus na pròiseactan againn a chur an gnìomh. Tha sinn a' conaltradh le buidhnean Gàidhlig, buidhnean ealain, ughdarrasan ionadail, coimhearsnachdan is companaidhean.
6.3	**Ceangalan Eadar-Nàiseanta**
	Bidh na Píobairí ***Ard Mhacha a' gabhail pàirt ann am Ceòl nam Fèis, a' comharrachadh an ceangal a tha air a bhith aca agus Fèis an Earraich fad iomadh bliadhna***
6.7	**Cothroman taisbeanaidh**
	'S e cothrom taisbeanaidh dha rìribh a th' ann an Cèol nam Fèis 27/11/09 agus 's e pàirt cudromach de dheireadh sheachdain crìochnachaidh Tilleadh Albannach 2009.

Luchd-obrach	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gnìomha**
Ràithe na h-aithisg	**An Dàmhair – An Dùbhlachd 2009**

Roinn	**1 Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal**
Targaid	**Targaid** Adhartas
1.1	**Lìbhrig taic Cobhair-tabhartais do 35 Fèis aig a' char as lugha gach bliadhna (Targaid IGE)**
	Tabhartasan air an tabhann do 46 Fèisean (35 ann an sgìre IGE), pàigheadh a-mach £227,137.00 an rèir aontachaidhean. A chuir a-mach cuid mhath den airgid a tha air a thabhann, £107,624.99 do sgeama tabhartasan nam Fèisean do 31 Fèisean.
1.2	**Leantainn air adhart le sgeama Uairean Bliadhnail**
	2640 Uaireannan stèidhichte air an tabhann airson 2009-10 mar phàirt de thairgse tabhartais. Tha luchd rianachd nam Fèisean ri bhi aig an Fhèis Trèanaidh air deireadh sheachdain 13/14 Am Màrt 2010 mar cùmhnant de'n sgeama thabhartasan nam Fèisean 2009-10. Tha stòr-data air a cur ri chèile le ainmeannan luchd rianachd nam Fèisean.
1.3	**Cùm Co-labhairt Bhliadhnail (Targaid CEA)**
	Bha an Co-labhairt Bhliadhnail 2009 air 25/26 An t-Sultain ann an Taigh-òsta a' Chaladh, Steòrnabhagh agus bha a h-uile càil soirbheachail.
1.4	**Còmhdach àrachais gu leòr suidhichte airson Fèisean nan Gàidheal, a luchd-obrach agus gnìomhan Fèise uile**
	Poileasaidh air ath-bhreithneachadh agus air ùrachadh gach bliadhna. Chaidh còmhdach a leudachadh agus suimean le àrachas àrdachadh mar a bha iomchaidh bho cionn goirid. Tha FnG ag iarraidh air an luchd-obrach a bhith cleachdadh àrachas ghnìomhachais ma tha iad a cleachdadh an carbad aca fhèin airson siubhal.
1.6	**Dèanamh cinnteach gu bheil teisteanas Disclosure Scotland aig luchd-teagaisg agus saor thagraichean nam Fèisean**
	Tha seo à' dol air adhart mar iarrtas agus ga ùrachadh airson luchd teagasg agus saor thagraichean air an stòr-data a h-uile tri bliadhna. Tha cosgaisean air à' dhol suas airson teisteanas bho £20.00 gu £23.00.
1.6	**Poileasaidh Cùram Chloinne (Targaid SAC)**
	Tha Fèisean a cuir a-staigh liosta luchd teagaisg agus feumaidh teisteanas a bhith gnìomh mas tèid airgead a' pàigheadh a-mach. Chan fhaigh Fèisean tabhartas mar a bheil seo air a dèanamh.

Luchd-obrach	**Iona NicDhòmhnaill**
Dreuchd	**Oifigear Treànaidh agus Poileasaidh**
Ràithe na h-aithisg	**An Dàmhair – An Dùbhlachd 2009**

Roinn 1 Adhartas a thaobh buileachadh pròg ram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1.2	**A' lùghdachadh an eallaich air saor-thoilich**
	Tha poileasaidhean air an dèanamh cho furasta 's a ghabhas airson 's gun urrainn do shaor-thoilich an lìbhrigeadh. A' chuid as motha de phoileasaidhean rim faotainn airson an luchdachadh a-nuas air làrach-lìn Air ath-shealladh agus ath-sgrìobhadh a dhèanamh air na poileasaidhean aig Fèisean nan Gàidheal agus poileasaidhean ùra a sgrìobhadh far an robh e iomchaidh. A' feitheamh ri aontachadh/atharrachadh mus tèid iad air ais air an làrach-lìn. (An dùil ri adhartas air sin aig a' choinneimh seo)
•	**Trèanadh air a thabhann nuair a tha feum air gnìomh bho shaor-thoilich** Thathar a' deasachadh airson FT10 an-dràsta. Dreach chlàr deiseil gus foillseachadh. Bidh na leanas ann : Ciad Chobhair, IT, Dìon Chloinne, Measadh Chunnairt, Gàidhlig (aig iomadh ìre). Cuideachd, bidh taghadh gu math farsaing de chuspairean teicnigeach agus cultarail ann.
•	**Taic phragtaigeach le buileachadh poileasaidh Gàidhlig** Leantainneach. Tha clasaichean Ulpan air tòiseachadh aig Fèis Rois agus gu bhith tòiseachadh aig Fèisean Loch Abair. Tha luchd-obrach air a dhol tron trèanadh Ùlpan (mar luchd teagaisg). Thathar a cumail seisean air a' phoileasaidh Ghàidhlig aig a' choinneimh bhliadhnail. Tha seiseanan ann aig FT10 a bheireadh taic do na fèisean leis a bhith ga chur an gnìomh.
•	**Sgeama Luchd-rianachd (Annualised Hours Workers)** Chaidh iarraidh air luchd-rianachd a bhith ann aig FT10, agus thèid a h-uile cuideachadh a thoirt dhaibh. Thèid pàigheadh a thoirt seachad do luchd-rianachd airson a bhith ann. Tha e cudromach gum faigh iad agus gun gabh iad ris a h-uile cothrom-trèanaidh fhad's a tha iad an sàs leis na fèisean.
1.3	**Co-labhairt Bhliadhnail**
	Cùm Co-labhairt Bhliadhnail(Targaid CEA)
	Dèante.
2.3	**Leasaich dòighean gus ar Poileasaidh Ghàidhlig a' libhrigeadh an taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal** (Trèanadh) Tha Fèisean nan Gàidheal a' toirt taic do dhaoine agus do bhuidhnean co-cheangailte riutha clasaichean Gàidhlig a fhrithealadh gu h-ionadal, no air astar gus piseach a thoirt air an cuid Ghàidhlig. Tha clasaichean chunbhalach a ruith do luchd-obrach.
3.4	**Foghlam fhoirmeil eile** Chan eil adhartas sam bith a' dol an-dràsta.
4.5	**GASD** Dèante.
4.7	**Lìonradh Trèanaidh airson Luchd-teagaisg Ceòl Traidiseanta – TMTTN *(Traditional Music Tutor Training Network)***
	Leasaich solarachadh trèanaidh agus leasachadh proifeiseanta, fosgailte do gach neach an lùib a bhith a' brosnachadh, a' cur air dòigh agus a' gabhail com-pàirt ann am Fèisean, agus càch a tha an lùib leasachadh agus lìbhrigeadh ceòl traidiseanta (Targaid CEA)
	Oifigear Leasachadh Trèanaidh ri coinneamh den TMTTN a ghairm ro dheireadh an Lùnastail 07 gus adhartas ath-thòiseachadh Chan eil adhartas air seo an-dràsta. Tha Traditional Music Forum air na dleasdanasan a ghabhail thairis.
5.2	**Pròg ram Trèanaidh Bliadhnail**
	Lìbhrig trèanadh do 20 Fèis gach bliadhna (Targaid IGE)
	Thathar an dùil gun tèid an targaid seo a choileanadh leis an Fhèis Thrèanaidh a thèid a chumail sa Mhàirt 2010 Tha a h-uile coltas ann gun tèid seo a choileanadh.
	Lìbhrig trèanadh do 50 neach-teagaisg agus neach-eagrachaidh gach bliadhna (Targaid IGE) Tha a h-uile coltas ann gun tèid seo a choileanadh eadar Trèanadh Luchd Teagaisg sa Ghearran agus FT10 sa Mhàirt.

	Lean air adhart le Pròg ram Trèanaidh san-taigh (Targaid IGE) A' cumail 4 làithean gach bliadhna airson Gàidhlig. Inntrigeadh in-taigh (induction) a' dol air adhart le manaidsearan a rèir feum. 2 Neach-obrach ag obair a dh'ionnsaidh teisteanasan foirmeil le taic bho Fèisean nan Gàidheal. A' cumail choinneamhan luchd-obrach far am bi cothrom naidheachd a chluinntinn agus a thoirt seachad air phròiseactan a tha a' dol air adhart, agus gum faighear cothrom trèanaidh mar bhuidheann bho àm gu àm. Tha luchd-obrach a' gabhail cothroman-trèanaidh fa-leth air Ciad Chobhair agus A' Làimhseachadh Ultaichean Mòra nuair a bhios e freagarrach dhaibh.
Notaichean: Tha mi air a bhith bruidhinn ri Val Bryan agus Andy Thorburn air Ire 3 Trèanadh Luchd-Teagaisg a' leasachadh airson 2010.	

Luchd-obrach	**Moreen Pringle**
Dreuchd	**Oifigear Ghnothaichean**
Ràithe na h-aithisg	**An Dàmhair – An Dùbhlachd 2009**

Roinn	**1 Adhartas a thaobh buileachadh pròg ram obrach Fèisean nan Gàidheal**
Targaid	**Targaid** Adhartas
1.3	**Cùm Co-labhairt Bhliadhnail (Targaid CEA)**
	Bha Co-labhairt Bhliadhnail 2009 air 25/26 An t-Sultain ann an Taigh-òsta a' Chaladh, Steòrnabhagh.
1.5	**Iasad cunbhalach de dh' ionnstramaidean do dh'Fhèisean**.
	Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iarrtas a' toirt bàrr air solarachadh ann an Ionnstramaidean Fèise a tha a-muigh an' mhòr-chuid den bhliadhna. Tha an mòr cuid dh' ionnstramaidean a bha anns an oifis air à' dol a-mach gu Fèis Fhoirt, Fèis Ghallaibh, Fèis a' Bhealaich, and Fèis Spe.
1.6	**A' fastadh gu daoine fa leth gus teachd-a-steach a mheudachadh**
	Tha an àireamh de Fhèisean a-nis a' cur feum air ionnstramaidean air cothroman gus fastadh ri daoine fa leth a lùghdachadh. Tha iarrtais air ionnstramaidean ciùil doirbh ro-innse airson gu bheil ionnstramaidean eadar dhealaichte a dhith bho bhliadhna gu bliadhna. Bho cionn goirid tha sin air cùmhnantan ùr a cur a-mach airson 3 clàrsaich, aon giotàr, agus 4 fhidheal.
1.7	**Dàta, a thathar ag ùrachadh gu tric, ri fhaotainn an còmhnaidh**.
	Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.
1.8	**Leasachadh, Sgaoileadh agus reic foillseachaidhean**
	Tha Fèisean air a bhith reic leabhraichean fad na bliadhna. Tha am bùth air an Làrach-Lìn fosgailte airson leabhraichean a' cheannach.
1.9	**Dèanamh agus Sgaoileadh Naidheachdan Cunbhalach agus Fiosrachadh Eile**
	Chaidh Faileas a mach deireadh an t-Sultain agus tha sin a deisealachadh fear eile airson An Dùbhlachd.
6.4	**Àrdaich agus tog ìomhaigh Iomairt nam Fèisean agus a soirbheachais le 10 pìosan de chòmhdach ionadail/roinneil agus 3 Pìosan de Chòmhdach nàiseanta gach Bliadhna (Targaid IGE)**
	Tha pìosan de chòmhdach ionadail a' dol a mach. Tha mi ag obair còmhla ri oifigearan leasachaidh nam Fèisean agus tha sin à' dèanamh adhartas.
	Dèan sgrùdadh air com-pàirteachasan nas motha leis an earrainn choimeirsealta (Targaid CEA)
	Tha mi gu bhith ag obair còmhla ri oifigearan leasachaidh nam Fèisean.
6.6	**Làrach-lìn agus Teicneolas Fiosrachaidh agus Conaltraidh (TFC)**
	Tha Làrach-lìn www.feisean.org ga ùrachadh gu cunbhalach.

Luchd-obrach	**Dougie Beck**
Dreuchd	**Oifigear Dràma**
Ràithe na h-aithisg	**An Dàmhair – An Dùbhlachd 2009**

Roinn	**1 Adhartas a thaobh buileachadh pròg ram obrach Fèisean nan Gàidheal**
Targaid	**Targaid** adhartais
1.9	**Thoir taic do leasachadh nam Fèisean fa-leth, a' brosnachadh sàr dhòighean-obrach agus ag àrdachadh na h-àireimh de thachartasan a nì iad.**
	Deasachadh agus sgaoileadh naidheachd agus fiosrachadh eile
	Mar as trice bidh mi a' sgrìobhadh co-dhiù aon airtigeal airson gach iris de dh'Fhaileas, a' toirt iomradh air na tachartasan dràma anns an robh mi an sàs.
2.1	**Leasaich mar a chleachdar a' Ghàidhlig taobh a-staigh iomairt nam Fèisean, a' leasachadh an fhacail labhairte mar dhòigh conaltraidh agus meadhan teagaisg, a rèir feumalachdan sgìre na Fèise.**

	Leasaich agus àrdaich cothroman an cànan agus an cultar a chleachdadh tro phoileasaidh Gàidhlig agus leasachadh Sgoil Shamhraidh Dhràma (targaid SAC).
	Bidh mi a' bruidhinn gu tric ris an oifigear Ghàidhlig air gnothaichean a tha a' buntainn ris a' phoileasaidh Ghàidhlig, an dà chuid a' tabhann agus a' tairgse comhairle. A thaobh a bhith a' cur a' phoileasaidh ann an gnìomh, bidh mi a' tabhann taic a thaobh eadar-theangachadh agus obair-deasachaidh don oifigear Ghàidhlig, don luchd-obrach air fad, agus do na Fèisean, mar a tha iomchaidh. Mar a chaidh a mhìneachadh ann an aithisgean eile, bha Sgoil Shamhraidh na bliadhna sa gu math soirbheachail, le 17 com-pàirtichean, às cha mhòr a h-uile ceàrnaidh den dùthaich, a' gabhail pàirt innte. Thèid Sgoil Shamhraidh 2010 a chumail ann am Port Rìgh a-rithist an ath-bhliadhna. Tha sinn air an stiùiriche agus cuid den luchd-teagaisg a chur air dòigh mar-thà, agus tha sinn air aontachadh air puingean eile: cha bhi taobh teicnigeach ann idir an ath-bhliadhna, agus bidh uallaichean air na com-pàirtichean a thaobh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nach robh ann air na blaidhnaichean eile.
2.5	**Leasachadh Dràma na Gàidhlig**
	Cuir sreath de dh'Fhèisean Dràma air dòigh (targaid SAC)
	Chaidh còig oidhcheannan dràma a chumail eadar 6 Cèitean agus 8 Ògmhios, agus bha iad uile gu math soirbheachail. Tha na pròisectan dràma gu bhith gan ruith ann an dòigh eadar-dhealaichte am-bliadhna; bidh sinn fhathast a' ruith Pròiseact Dràma Earra Ghàidheal an ath-bhlaidhna, ach ann an Ceann a Tuath an Eilein Sgitheanaich, Iar-thuath Leòdhais, Dùn Èideann agus Uibhist tha sinn gu bhith ag obair ann an co-bhonn leis a' BhBC gus pìosan dràma goirid airson rèidio a chruthachadh. Thèid na pìosan dràma a thig bhon phròiseact seo an darna cuid a sgaoileadh air Aileag no a chur an-àirde air làrach-lìn a' BhBC mar phodcasts. Tha Aonghas air na pròiseactan a thòiseachadh ann an Ceann a Tuath an Eilein Sgitheanaich, Iar-thuath Leòdhais agus Dùn Èideann mar-thà, agus bidh mise a' tòiseachadh air pròiseact Uibhist agus pròiseact Earra Ghàidheal sa bhliadhn' ùr.
	Lìbhrig co-dhìu dà Sgoil Shamhraidh Dhràma (Targaid HIE)
	Faic shuas
	Lìbhrig Sgoil Shamhraidh Dhràma (Targaid BnG)
	Faic shuas
	Meas buannachdan na Sgoile Samhraidh (Targaid BnG)
	Chaidh foirm-measaidh a thoirt seachad don a h-uile com-pàirtiche agus fhuair sinn a h-uile fear air ais. A bharrachd air sin, chaidh seisean measaidh a chumail, a chaidh a fhrithealadh leis a' mhòr-chuid de chom-pàirtichean, air latha mu dheireadh na Sgoile, agus chaidh seisean measaidh fa-leth a chumail airson an luchd-teagaisg. Bha na seiseanan measaidh seo gu math feumail. Bha cuid de na com-pàirtichean a thill bhon bhliadhna an-uiridh den bheachd gum biodh e na b' fheàrr nan robh dà shreath de chlasaichean ann – clasaichean airson daoine a tha dìreach air tòiseachadh air dràma a dhèanamh, agus clasaichean nas adhartaiche. Fhuair sinn deagh chomhairle cuideachd bhon luchd-teagaisg a thaobh a bhith a' taghadh nan com-pàirtichean, am measg rudan eile. Bha an luchd-teagaisg a bha ann an-uiridh den bheachd gun robh Sgoil na bliadhna sa na b' fheàrr a thaobh rianachd na Sgoil na blaidhna an-uiridh. Tha mi cuideachd air còmhradh mì-fhoirmeil a chumail le cuid de chom-pàirtichean SSD2009.
3.3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh saoghal an fhoghlaim fhoirmeil**
	Meanbh-chuileag ri tadhal air 5 sgìrean LEC gach bliadhna (Targaid HIE)
	Mar a chaidh a mhìneachadh ann an aithisgean eile, rinn Meanbh-chuileag tòrr obrach ann an 2008/09, le cuairt mhòr Ghàidhlig, obair ann an sgoiltean nach eil a' teagasg tron Ghàidhlig, pantomime, Gàidhlig agus obair ann an àrd-sgoiltean às leth an Stòrlainn. Tha seans gum faigh sinn airgead airson cuairt Ghàidhlig a dhèanamh ann an 2010, agus tha Artair Donald air aontachadh uallach a ghabhail air a shon mas e 's gun tig an t-airgead a-steach. Bidh mi fhìn, Aonghas, Calum Alex agus Jenna air an rathad seachdain 14 Dùbhlachd le pantomime. 'S e mi agus Calum Alex a sgrìobh e, le taic bho Shannon Cowie air na h-òrain.
5.3	**Leasaich trèanadh do dhaoine a tha an sàs ann an Iomairt nam Fèisean agus airson sàr-mhathas anns an Iomairt a bhrosnachadh.**
	Iomairtean do dheugairean
	Thathar den bheachd gum bi buaidh a ghabhas tomhais, thairis air grunn bhliadhnaichean, aig an Sgoil Shamhraidh Dhràma air comasan dràma, comasan cànain, sgilean eadar-dhaoine dhaoine òga, agus cuideachd air a' bheachd a th' aca air a' Ghàidhlig agus air na h-ealain Ghàidhlig. Tha na fhuaradh de mheasadh bho chom-pàirtichean na Sgoile Samhraidh a' nochdadh gu bheil iomairtean a leithid seo a'

	còrdadh ri daoine òga agus gum bi iad gam brosnachadh gu bhith a' meas na Gàidhlig mar nì chudromach. Thill ceathrar bhon bhliadhna an-uiridh, agus tha seo a' dearbhadh gun do chòrd an Sgoil riutha. Tha e mar amas aig sgioba Ghàidhlig FnG barrachd a dhèanamh gus deugairean a thàladh don chànan, agus tha cuid de na h-iomairtean dràma air leth freagarrach airson seo a dhèanamh. Aig toiseach an Ògmhios thadhail Meanbh-chuileag air àrd-sgoiltean air feadh Alba leis an dealbh-chluiche *Am Pàrtaidh Purpaidh*. Rinn sinn an obair seo às leth an Stòrlainn Nàiseanta. 'S e glè bheag de dh'obair a rinn Meanbh-chuileag roimhe seo le deugairean, agus bha a' chuairt seo gu math soirbheachail.
	Brosnaich ceanglaichean eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh nam Fèisean tro thaisbeanaidhean mòra agus conaltradh le na meadhanan.
6.1	**A' cruthachadh cheanglaichean**
	'S e an ceangal a thathar ga chruthachadh leis a' BhBC as cudromaiche am-bliadhna (faic gu h-àrd). Tha sinn gu bhith a' coinneachadh le Sabhal Mòr Ostaig a dh'aithghearr le dùil gum faodadh clasaichean dràma a bhith mar phàirt de na cùrsaichean goirid. Bhruidhinn mi cuideachd le muinntir an RSAMD/SMO mu na planaichean a th' aca airson neach-ealain (dràma) a stèidheachadh.
6.6	**Làrach-lìn agus ICT**
	Bidh mi a' cùr ri làrach-lìn FnG mar a tha iomchaidh.
6.7	**Cothroman taisbeanaidh**
	'S e cothrom air leth a th' ann an dràma airson tàlantan dhaoine òga a thaisbeanadh, agus 's e deagh eisimplear de seo a bhios ann an oidhche thaisbeanaidh na Sgoile Samhraidh. Bha oidhche thaisbeanaidh a' toirt gach pròiseact dràma gu crìch cuideachd. Mar a thuirt mi gu h-àrd tha sinn a' ruith pròiseactan rèidio ann an diofar sgìrean agus thèid toradh nam pròiseactan seo a chraoladh leis a' BhBC. Tha dràma gu bhith mar phàirt de oidhche mhòr nam Fèisean ann an Eden Court san t-Samhain agus 's iad oileanaich bhon Sgoil Shamhraidh a bhios an sàs ann an sin.

Luchd-obrach	**Calum Ailig MacMhaolain**
Dreuchd	**Oifigeir Gàidhlig**
Ràithe na h-aithisg	**An Dàmhair – An Dùbhlachd 2009**

Earrann 1 Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** adhartais
1	**Provide support for the development of individual Fèisean, promoting excellent working practices, and developing their range of activities**
1.2	**Reducing the burden on volunteers**
	Poileasaidhean air a dhèanamh na b' fhasa airson luchd saor-thoileach a libhrigeadh Chaidh am poileasaidh Gàidhlig ùr a chuir an gnìomh aig a' Choinneamh Bhliadhnail anns an t-Sultain. Rinn mi taisbeanadh do na bha an làthair ag innse mu na h-atharraichean agus na dleastanasan a bhiodh aig na Fèisean, nan Luchd-teagaisg agus luchd-obrach na buidhne. Thèid iomairt a chuir an gnìomh ro dheireadh na bliadhna gus sgilean Gàidhlig nan luchd-teagaisg air fad a rannsachadh agus mar thoradh seo thèid obair a dhèanamh a thaobh na sgilean seo a leasachadh gus a bhith cinnteach gum bi co-dhiù beagan Gàidhlig a h-uile neach a bhios a' teagaisg aig Fèis bho 2012 a-mach. Tha mi uamhasach toilichte gu bheil tòrr dha na Fèisean air Poileasaidh Gàidhlig a toirt a-steach planaichean Gàidhlig aca fhèin le taic bho na h-oifigearan leasachaidh aca. Tha mi am beachd coinneachadh ri gach oifigear leasachaidh anns an àm ri teachd son bruidhinn air na Fèisean aca agus na feumalachdan a th'aca a thaobh a' phoileasaidh ùr.
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
2.1	**Deasaich Poileasaidh Gàidhlig airson Fèisean nan Gàidheal, ris an gabh buill na buidhne**

	Leasaich agus meudaich ruigsinneachd do chànan agus cultar na Gàidhlig tro bhuileachadh Poileasaidh Cànain Gàidhlig agus leasachadh gnìomhan dràma Gàidhlig, a' gabhail a-steach Sgoil Shàmhraidh airson Dràma Gàidhlig (Targaid CEA) Thug Dougie is Emily taic dhomh gus a' Phoileasaidh ùr a sgrìobhadh. Dh'obraich sinn gu dlùth ri chèile agus fhuair sinn tòrr beachdan bho luchd obrach agus buill a' bhùird gus an ath-sgrìobhadh as èifeachdaiche a dhèanamh sa tha sinn a-nis a' gabhail na ceuman freagarrach gus am poileasaidh a chuir an gnìomh gu soirbheachail. Tha sinn a' toirt tòrr taic do Fhèisean le bhith 'g eadar-theangachadh an fhiosrachadh a tha iad a sgaoileadh. Tha mi ag obair le na h-oifigearan leasachaidh bho latha gu latha gus dèanamh cinnteach gu bheil Fèisean a' faighinn an taic a tha iad a feumachadh. A bharrachd air an eadar-theangachadh a tha mi dèanamh bidh mi cuideachd a' toirt taic dha na h-oifigearan leasachaidh 's na Fèisean aca le planaichean Gàidhlig agus iomairtean sam bith a tha feumachadh taic a thaobh na Gàidhlig.
2.2	**Leasaich Sgioba Leasachaidh airson na Gàidhlig**
	Sgiobannan a bhruidhneas a' Ghàidhlig ri bhith rim faotainn do dh'Fhèisean ionadail. 'S e bliadhna gu math trang a bh'ann a-rithist dhan Sgioba-G, a' cur crìoch air na bliadhna seo le bhith tadhal air Fèis Spè agus Fèis a' Bhaile far an robh tòrr spòrs aca. Thairis air na mìosan Geamhraidh bidh mi a' feuchainn ri cur-seachadan ùra chruthachadh 's gu h-àiridh dha deugairean. Thèid planaichean ùra chur ri chèile agus thèid iad seo a chuir an gnìomh aig na Fèisean 's na bliadhna ùra. Tha sinn am beachd daoine ùra sireadh airson a bhith mar phàirt den Sgioba-G gus na cur-seachadan Gàidhlig a libhrigeadh.
2.3	**2.3 Leasaich uidheamachdan airson a' Phoileasaidh Ghàidhlig againn a lìbhrigeadh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal**
	Tha àireamh mhath dha na Fèisean a tighinn thugam son taic le eadar-theangachadh agus airson stuthan Gàidhlig a thoirt dhaibh. A bharrachd air seo tha mi a' feuchainn a dèanamh follaiseach dha na Fèisean eile gu bheil an seòrsa taic seo rim faotainn dhaibh uile. Bidh mi ag obair gu dlùth le na h-oifigearan leasachaidh son dèanamh cinnteach gu bheil Fèisean a' faighinn an taic a tha dhith oirre gus fiosrachadh a thoirt seachad anns an dà chànan agus gu bheil iad a cuir am poileasaidh Gàidhlig ùr an gnìomh. **Stòr-dàta de bhriathran agus bhriathrachas airson Fèisean ri bhith air làrach-lìn ro no ann an 2007 (Targaid BNAG)** Tha an stòr-data de dh'fhaclan is abairtean feumail air an làrach-lìn againn. Thèid barrachd liostaichean a chuir an àrda anns an àm ri teachd agus thèid leasachadh a dhèanamh air na th'againn air an làrach chun a seo. **Cùrsaichean Gaidhlig agus Stuthan Ghàidhlig son Fèisean (Targaid BnaG)** Tha mi air cuideachadh a thoirt do Fhèisean le stuthan Gàidhlig agus pasgain cur-seachadan air na mìosan a dh'fhalbh. Tha na seòrsa stuthan seo agam deiseil son sgaoileadh sa bhad.
2.4	**Develop wholly Gaelic-medium Fèisean and Gaelic medium tuition at existing and new Fèisean**
	Barrachd Fèisean tro Mheadhan na Gàidhlig Tha na Fèisean tro mheadhan na Gàidhlig a ruith mar bu choir le na h-àireamhan a tha gan frithealadh uamhasach fhèin math. Chum Fèis na h-Oige seachdain aig toiseach an Iuchar agus bha seo soirbheachail ga rìreabh. Dh' ùraich iad am poileasaidh Gàidhlig aca agus a-nis tha iad a trang ag ullachadh airson clasaichean leantainneach agus pròiseactan sònraichte. Bidh mi ag obair le na Fèisean son rannsachadh a dhèanamh a thaobh cothroman son Fèisean a bhith ruith clasaichean tro mheadhan na Gàidhlig aig na Fèisean aca son na com-pàirtichean a tha fileanta sa chànan. Bidh mi a' cuideachadh Daibhidh Boag le bhith steidheachadh Fèis ùr son teaghlaichean anns an àm ri teachd.

Luchd-obrach	**Emily Edwards**
Dreuchd	**Òigear Thasglann agus Pròiseactan Sònraichte**
Ràithe na h-aithisg	**An Dàmhair – An Dùbhlachd 2009**

Roinn 1 Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** adhartais
4.4	**Pròiseact nan tasglann ri steidheachadh**
	Tha Fèis a' Bhaile agus Fèis na h-Òige a-nis air crìoch a chur air an leabhran mu dheidhinn Blàr Chùil Lodair. Tha an leabhran làn sgeulachdan, beul-aithris agus ceòl mu Bhlàr Chùil Lodair. An dèidh barrachd agallamhan ann an Dùn Omhain tha obair-ullachaidh air tòiseachadh air leabhran airson Fèis Ceann Loch Goibhle a bhios air fhoillseachadh anns a' bhliadhna ùr. Tha cuideachd Fèis a' Chaolais air sreath de dh'agallamhan a chumail anns an dà chuid Beurla agus Gàidhlig. 'S e Fèis Lochabair an siathamh Fèis a bhios a' gabhail pàirt ann am Pròiseact nan Tasglann. Thèid tòiseachadh air seo anns na mìosan a tha roghainn.
6.3	**Ceanglaichean Eadar-Nàiseanta**
6.7	**Cothroman taisbeanaidh**
	Tha Fèisean nan Gàidheal a' cur cuirm air dòigh aig Eden Court, a bhios a' taisbeanadh obair nam Fèisean thar nam bliadhnaichean mar phàirt de Tilleadh Dachaidh 2009 air 27 Samhain 2009. Bidh com-pàirtichean nam bliadhnaichean a chaidh seachad, a tha a-nis ag obair mar luchd-ciùil phroifeasanta, air an àrd-ùrlar còmhla ri com-pàirtichean an latha an-diugh. Bidh mu 100 com-pàirtichean a' taisbeanadh òrain Ghàidhlig, ceòl, dannsa-ceum agus dràma.

Luchd-obrach	**Nicola Marshall**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**
Ràithe na h-aithisg	**An Dàmhair – An Dùbhlachd 2009**

Roinn 1 Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** adhartais
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.**
	Eadar seo agus am Faoilleach bidh mi a' coinneachadh leis na Fèisean anns an sgìre agam airson planaichean a chuir air dòigh airson am bliadhna ùra agus foirmichean–iarrtais a' criochnaichadh. A' bharrachd air sin bidh mi ag obair air pròiseactan ùra airson 2010 mar Slighean Ura (Ceilidhean air Chuairt), Freumhan agus CD no DVD ur airson a' teagaisg dannsa. Bha Fèis a' Bhaile, Fèis Spè agus Fèis Rois nan Deugairean a gabhail air san Dàmhair. Chaidh iad uile glè mhath le ceud 's a h-aon compartichean aig Fèis a' Bhaile agus barrachd air seachdad aig an dà eile. Bidh Fèis Farr a' tòiseachadh sreath ùr de bhùthan-obrach aca air 20mh latha den mhìos seo agus bidh iad a ruith gach mìos gu an Giblean. Fhuair Fèis a' Chaolais £2000 taic-airgid bho Awards for All am mìos seo airson ionnsramaidean a' cheannach. Bidh seo uabhasach feumail airson an fhèis.
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a-rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
	Tha Calum Ailig is mi fhèin ag obair gu dlùth ri chèile gus taic a thoirt dha na Fèisean leis na planaichean Gàidhlig aca. Tha mi fhathast ag obair le Fèis na h-Òige airson iarrtais a chur gu Comhairle Ealain na h-Alba airson deireadh-seachdain pìobaireachd. Thoisich mi ag obair air Freumhan 2010. Bidh an Fhèis a' tachairt ann an Glaschu bho 5 gu 9 Giblean.
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.**
	Bidh Fèis Spè, Fèis Chataibh agus Fèis Rois a' leantainn le YMI anns na bun-sgoiltean.
4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth.**

	Tha mi fhathast a' dol gu coinneamhan Blas. Tha mi toilichte a ràdh, tha LEADER air aonta a chur ri maoineachadh a mhaireas trì bliadhna gus na cuairtean cèilidh a leasachadh agus bidh mi ag obair còmhla ri Daibhidh airson am pròiseact ùr seo a chur air bhog anns na mìosan a tha ri thighinn. Tha mi air a' bhith ag obair còmhla ri Fèis Spè agus tha oifigear leasachaidh ùr aca a-nis. Thoisich Caroline Sterritt an dreuchd ùr aig deireadh an Dàmhair agus bidh i ag obair air taobh an Ear am Paric Naiseanta a' Mhonaidh Ruaidh.
5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean**
	• 24-26 Sultain – FnG Coinneamh Bliadhnail • 24 Dàmhair – Cèilidh TMC Partnership • 3 Samhain Coinneamh TMC Partnership • 9 Samhain – Coinneamh Oifigearan Leasachaidh • 10 Samhain – Measadh • 12 Samhain – Coinneamh le Bòrd Stiùiridh Fèis Spè
6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**
	Bidh mi a' cuideachadh aig an consairt 'Ceòl nam Fèis' aig Eden Court.

Luchd-obrach	**Caoimhin Rodgers**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh Lochabair**
Ràithe na h-aithisg	**An Dàmhair – An Dùbhlachd 2009**

Roinn	**1 Adhartas a thaobh buileachadh pròg̀ram obrach Fèisean nan Gàidheal**
Targaid	**Targaid** adhartais
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.**
	• Tha mi air a bhith a' tadhal air na Fèisean agam airson bruidhinn riutha mu dheidhinn an sgeama tabhartas agus proiseactan ùra a dh'fhaodadh a bhith aca. Tha mi air cinn-latha a dh'aontaicheadh leotha uile (cha mhòr) airson a dhol thairis air am foirm. • Tha cuisean a' gluasad air adhart gu math sios anns an Ath Thrachail agus tha na seataichean a-nis a-staigh agus a' coimhead math. Tha piosean beaga de sholais agus fuaim ri cur a-staigh fhathast ach tha sinn an diul gum bidh am proiseact deiseal roimhe Nollaig. • Bha mi aig coinneamh am Buidhean Ealainn Gàidhlig ann an Glaschu mu co-là dheug air ais. Tha 'm buidhean seo a' tarraing a h-uile buidheann a tha 'n sàs ann an Gàidhlig comhladh. Bidh seo feumail airson fios a bhith agam air na tha tachart anns an sgìre sin agus airson a dhèanamh cìnnteach gu bheil na Fèisean a' gluasad air an aon rathad (far a bheil sin freagaireach). • Bha mi aig an coinneamh bliadhnal aig Fèis Lochabair. Chaidh seo gu math leis na na daoine aig a bheil oifis gan cumail. Dh'aontaich mi cuideach polisaidh a' sgrìobhadh a bhiodh feumail ma nochdas gearran san àm ri teachd. • Tha plana Leasachaidh gus a bhith deiseil agam airson Fèisean ann an Lochabar. Bhruidhinn mi ris am buidheann stiuiridh agus ri na Fèisean fa-leth agus chaidh a dh'aontachadh. Bidh seo deiseil agus ann an àite airson toiseach a ' Bhliadn' ùr. • Tha Fèis Gleann Albainn air uidh a nochdadh ann a bhith a' neartachadh na sgiilean Gàidhlig aca. Tha mi air a bhith a' bruidhinn riutha mu dheidhinn 's dòcha a' dèanamh blasad de Ulpan le beachd a' cumail a' dol san àm ri teachd ma 's urrainn dhaibh.
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
	• Tha na clasaichean aig Àrd Sgoil Lochabair air a bhith 'dol gu math le 11 ann a-nis. • Gu mi-fhotranach tha Àrd Sgoil Malaige a' faighinn na h-aon trioblaidean ri Lochabar ann a bhith a' faighinn lorg air Tìdsear Gàidhlig. Leis an sin, tha mi air a bhith a' cumail conaltradh lein an ceannard a thaobh clasaichean a thoiseachadh sios an sin mar a th' againn aig Àrd Sgoil Lochabair. Thaining na clasaichean seo gu bi as deidh gun robh pàrantan agus biul comitaidhean a' sealltain dragh anns an suidheachadh gun tìdsear.
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.**
	• Tha YMI a' riuth gu sunnd ann an Lochabar fo Raonaid Walker agus gu ruige seo chan eil cus gnoimheach air a bhith agam ann ach tha Raonaid a' cumail fios thugam.

4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**
	• Tha mi air a bhith an sàs gu mòr leis am proiseact a chuireas siostam solais, fuaim agus seataichean ùr a- steach dhan talla sgoile ùr anns an Ath Tharchail. Tha sinn air a bhith ag obair gu dluth le Còmhairle a Ghàidhealtachd agus an sgoile fhèin. A nuair a theid a chur a-steach bheir e comas dhan Fhèis agus an sgoile, tachartan cultural Gàidhlig a chumail san sgìre.
5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean**
	• Ma tha na clasaichean Gàidhlig còrdadh ri comataidh Fèis Gleann Albainn, nearteachaidh sin na sgilean labhairt aca agus thig sin troimhe aig na tacharstan agus Fèisean aca.
6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**
	• A-rithist am bliadhna, bha proiseact Cèilidhean air cuairt math fhèin againn. Bha 7 luchd ciuil òga againn am bliadhna a' tighinn bho Fèisean ann an Lochabair fhèin agus cuideachd dithis à Fèis Gleann Albainn.

Luchd-obrach	**Jenna Chuimeanach**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar**
Ràithe na h-aithisg	**An Dàmhair – An Dùbhlachd 2009**

Roinn	**1 Adhartas a thaobh buileachadh pròg̀ram obrach Fèisean nan Gàidheal**
Targaid	**Targaid** adhartais
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.**
	Chaidh Coinneamh Bhliadhnail Fèis Tir a' Mhurain a' chumail air Diciadain 27 Dàmhair aig Talla Choimhearsnachd Staoinibrig, Uibhist a Deas. Bha Mairi Anna NicLeòid an làthair a tha na Oifigear Iomairtean Chànain anns an sgìre, sgeama air a lìbhrigeadh le Comunn na Gàidhlig. Cha do nochd mòran aig a' choinneamh ach thèid Fèis na h-ath-bhliadhn' a chur air dòigh mar as àbhaist. Thèid barrachd adhartas a dhèanamh airson barrachd dhaoine agus pàrantan anns a' choimhearsnachd a thàladh gu na coinneamhan eadar seo agus àm na Càisge. Air 16 Samhain chùm Fèis Tir an Eòrna Coinneamh Bhliadhnail soirbheachail ann an Sgoil Chàirinis, Uibhist a Tuath. Nochd aon duine deug aig a' choinneamh le triùir a' tighinn airson a' chiad turas agus dha neo thrì eile a thoirt seachad leisgeulan. Chaidh Comataidh ùr aontachadh le Ciorstaidh NicDhòmhnaill a gabhail a h-àite air a' bhuidheann mar Cathraiche, Donna NicLeòid a tha a-nise na Ionmhasair agus Anne NicGill-Fhaolain na Rùnaire airson a' bhuidheann. Airson taic a thoirt dha Ciorstaidh, dh' aontaich Ealasaid NicIain fuireach air a' Chomataidh mar Iar-neach-cathrach. Tha 2009 air a bhith uabhasach trang do mhuinntir Fhèis Bharraigh. A thuilleadh air Fèis na bliadhna-sa a chur air dòigh, a tha a' tàladh còrr is 150 thuige a h-uile bliadhna anns an Iuchar agus BarraFest a thoirt gu buil aig toiseach an Lùnastal, tha buill na buidhne a' gabhail fois a-nise 's iad airidh air gun teagamh sam bith, an dèidh dhaibh Fèis eile a stèidheachadh am-bliadhna a' comharrachadh ceann- bliadhna am fiolm ainmeil 'Whisky Galore' anns an t-Sultain. Chaidh mòran cur-seachadan a thabhann fad deireadh seachdain air feadh Bharraigh leis an Fhèis agus buidhnean Carthannais eile a tha san sgìre, co-fharpais Goilf agus rèiteach nam-measg! 'S math a rinn sibh Fèis Bharraigh. Gu mi-fhortanach, cha d' fhuair mi air Coinneamh Bhliadhnail Fhèis Eilean na Hearadh a fhrithealadh am-bliadhna a chaidh a chumail mar phàirt den bhuidheann Comunn Ealain agus Dualchais na Hearadh air 22 Sultain. Ach, chaidh innse dhomh gur e an aon comataidh a bhios aca airson bliadhna eile. Bidh mi an làthair air Coinneamh Bhliadhnail Feis an Earraich air 23 Samhain a bhios air a chumail ann an Talla Breacais aig 8.15f.
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairtich mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**

	Tha mi a leantainn orm le bhith a' cruinneachadh fiosrachadh bho na Fèisean airson gun tèid againn air poileasaidhean Ghàidhlig a' chruthachadh dhaibh a bhios a toirt seachad iomradh air na cur-seachadan a tha gach Fèis a' cur an gnìomh airson Gàidhlig a bhrosnachadh aig an Fhèis. Tha Calum Ailig air iarraidh orm foirmean-iarrtas nam Fèisean a chruinneachadh gun fhios nach eil iad a' leantainn riaghailtean Fèisean nan Gàidheal mar bu chòir.
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.**
	Tha Feis an Earraich fhathast an luib chlasaichean YMI a tha air tabhann anns na bun-sgoiltean anns an Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse. Choinnich mi ri Catriona Eunson ann an Lìonacleit air 17 Samhain a bhruidhinn rithe mu dheidhinn an sgeama ùr GLOW a tha air a thoirt seachad ann an sgoiltean air feadh na dùthaich. Tha GLOW a toirt cothrom do sgoilearan agus tidsearan an obair aca a' chuir air-loidhne agus gum faigh sgoilearan is tidsearan sealltainn air neo a chleachdadh anns na sgoiltean aca fhein. Tha Catriona a' smaoineachadh gum b'urrainn dha Fèisean nan Gàidheal pròiseactan a ruith air GLOW airson òrain agus fuinn fhoillseachadh neo a ghlèidheadh ged nach eil seo air a dhearbhadh fhathast.
4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**
	A' leantainn air soirbheachas 'Ar Dachaigh' cuirm-ciùil eadar-Fèisean a chaidh a chumail ann an Steòrnabhagh rè Fèis Cheilteach Innse Gall tha muinntir Fèis Eilean an Fhraoich air fiathachadh fhaighinn gus pàirt a ghabhail ann an Ceòl nam Fèis air 27 Samhain ann an Inbhir nis.
5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean**
	Tha Catriona Eunson a' smaoineachadh gur dòcha gum e comasach do Chomhairle nan Eilean Siar taic a bharrachd a thabhann do dh' Fhèisean air feadh na sgìre gus na sgilean rianachd aca a neartachadh agus trèanadh a thoirt dhaibh ann an cùram chloinne co-cheangailte ris am Poileasaidh In-Ghabhail aca fhèin. Bha mi fhìn an làthair aig Latha Gàidhlig le Ailig a chaidh a chumail 1 Sultain aig Taigh-òsta Beinn Uais. Tha mi a 'gabhail pàirt ann an cùrsa Ciad-Chobhair air 26 Samhain ann an Inbhir Nis airson na sgilean agam a thoirt gu ìre.
6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**
	Choinnich mi ri Marina Mhoireach, Oifigear Iomairt Chànain airson Taobh Sear Leòdhas, aig toiseachd na mìos. Tha sinn an dòchas pròiseact a choileanadh le chèile san am ri teachd ma thig sinn tarsaing air cothrom a bhios freagarrach dhan dithis againn. Fhuair mi fiathachadh Forum Gàidhlig nan Eilean Siar a fhrithealadh air 1 Dùbhlachd bho Chaluim Iain Macleòid, Comunn na Gàidhlig. 'S e amas a' choinneamh riochdairean bho diofar bhuidhnean air feadh na h-Eileanan a thoirt còmhla a bhruidhinn mu dheidhinn na diofair iomairtean a tha a' gabhail àite anns na h-Eileanan agus na leasachaidhean a tha fainear dhuinn h-uile san am ri teachd.

Luchd-obrach	**Christine Nic an t-Saoir**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**
Ràithe na h-aithisg	**An Dàmhair – An Dùbhlachd 2009**

Roinn	**1 Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal**
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.**
	An t-Sultain Bha da bhùth obrach aig Fèis Dhùn Omhain ann am fidheall, bocsa agus piob 25/6 Aig a' Chionneadh Bhlidhnal aig FNG An Damhair Aig coinneamh comhla ri Fèis Dhùn Bhreatuinn airson airgead fhaighinn airson proiseact dhràma An t-Samhain Aig latha trèanaidh an an Inbhir Nis A' toirt taic dhan na fèisean agam airson proiseactean ura a chuir air bhonn
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a-rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
	A' cuideachadh Fèis Dhùn Bhreatuinn clasaichean G‡idhlig a chumal a dol. Ag obair comhla ris an Oifigear Gàidhlig airson trèanaidh a thoirt seachad dhan a' fèisean A coimhead ri proiseact film/ciùil a chuir air bhonn comhla ri muinntir Lochabair.
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.**
	A cuir air adhairt cur-seachadan anns an osdal aig Glencruitten anns an Oban. Tha an proiseact eadar Fèis Dhùn Omhain agus an Àrd Sgoil a dol gu math. Tha Fèis Latharna ag obair comhla ris a chomlan phioba aig Àrd Sgoil an Obain. The Fèis Dhùn Bhreatuinn an dòchas dràma Ghàidhlig a chuir a-mach san sgire. Tha e an duil an fhèis dhràma a sgaoileadh a-mach gu Ath-Tharachaill an ath bhlidhna.
4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth.**
	Am bliadhna bha Cuairt Chèilidh ann an Earra Ghàidheal agus ann an Eirinn. Tha am buidhean SPARC ag obair comhla ri Fèis Dhùn Bhreatuinn a' cur Gàidhlig dhan a sgoiltean.
5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean**
	A' cur cursa air bhonn airson Gàidhlig a chuir a-mach dha na sgoiltean le dràma Aig cursa gràmar Gàidhlig. Ag obair comhmla ris an t-Oifigear Gàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal.
6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**
	Bha Cuairt Cheilidh aig Earra Ghàdheal agus chaidh e cuideachd a-null do Dh'Eirinn a Deas. Bha pàirt den chloinn bho Fhèis Latharna a' gabhal pàirt anns a' phroiseact Tilleadh Dhachaidh air a mhios sa chaidh.

Fèisean nan Gàidheal

A' Fastadh Manaidsear Leasachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2009.05(b)

Adhbhar a' Phàipear
Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mun adhartas le bhith a' fastadh Manaidsear Leasachaidh ùr.

Bun fhiosrachadh
Bidh fios aig buill a' Bhùird gum bi Daibhidh Boag gar fàgail aig deireadh na bliadhna airson dreuchd ùr a ghabhail os làimh aig Bòrd na Gàidhlig. Ged is e call a th' ann gu bheil e gar fàgail tha e ga dhèanadh leis a h-uile deagh dhùrachd airson soirbheas ann an dreuchd chudromach ùr. Leis gur e dreuchd aig àrd-ìre a tha seo, feumaidh sinn cuideigin ùr fhastadh gun dàil.

Adhartas
Nochd an t-sanas seo anns na pàipearan a leanas anns an t-seachdain a' tòiseachadh 23 Samhain: West Highland Free Press, Stornoway Gazette, Highland News (a' gabhail a-steach Lochaber News) agus an Inverness Courier. 'S e 7mh Dùbhlachd an ceann-latha airson tagraichean.

Chaidh fiosrachadh a' sgaoileadh air post-d timcheall air an luchd-obrach, Fèisean, buill chomataidhean nam Fèisean agus an luchd-teagaisg.

Bu thoil leinn a bhith ann an suidheachadh gèarr-liosta a dhèanamh agus agallamhan a chumail an taobh seo den Nollaig. Le ceann-latha 7mh dùbhlachd bu chòir dhuinn a bhith comasach agallamhan a chumail sna t-seachdain a' tòiseachadh 14mh agus, ma thèid leinn gu math, cuideigin fhastadh ron Nollaig.

Gnìomh a dhìth
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh.

Art MacCarmaig
Ceannard
Dùbhlachd 2009

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org